


Mo Rùn Geal Dìleas



Mo rùn geal dìleas, dìleas, dìleas,
Mo rùn geal dìleas nach till thu nall?
Cha till mi fhéin, a ghaoil, chan fhaod mi,
Oir tha mo ghaol-sa 'na laighe tinn.

Is truagh nach robh mi an riochd na faoilinn,
A shnamhadh aotrom air bhàrr nan tonn,
Is bheirinn sgrìobag don Eilean Ìleach,
Far 'bheil an rìbhinn 'dh'fhàg m' inntinn trom.

Is truagh nach robh mo 's mo rogha céile,
Air mullach shléibhte nam beanntan mór,
'S gun 'bhith 'gar n-éisteachd ach eòin an t-sléibhe,
'S gun dugainn fhéinn di na ceudan pòg!

Thug mi còrr agus naoi mìosan,
Anns na h-Ìnnsean a b' fhaide thall,
'S bean bòidhchead d' aodainn cha robh ri fhaotainn,
'S ged gheobhainn saor iad chan fhanainn ann.

Tha d' anail chùbhraidh mar fhàile ùbhlán,
Is tha do shùilean gu meallach gorm,
Is tu bean-usal is grinne dh' fhuair gheas,
'S ann ris a fhuair thu do thogail òg.

Thug mi mìos ann am fiabhras claidhte,
Gun dùil rium oidhche gum bithinn beò,
B' e fath mo smaointean a latha 's a dh'oidhche,
Gum faighinn faochadh is tu 'bhith 'm chòir.

Cha bhi mi 'stri ris a' chraoibh nach lùb leam,
Ged 'chinneadh ùbhlán air bhàrr gach géig,
Mo shoraidh slàn leat ma rinn thu m' fhàgail,
Cha dàinig tràigh gun mhuir-làn 'na déidh.

Mo mhionnan bheir mi air clàr a' Bhìobaill,
Gur h-i an fhirinn a th' ann 'am bheul,
Nach déid mi sìos ann an leabhar sgrìreachd,
Le tu gu sìorraidh ach thu fhéin.

Is coma leam gad a shil an latha,
Is coma leam ged a laigh a' ghrian,
'S ceart coma leam ged a robh mo leaba,
Gu fada, fad san àirde 'n iar.